

AG ADHARTACHADH CLEACHDAIDH
LÈIRMHEAS DE CHLEACHDAIDHEAN AGUS DÒIGH-OBACH
ÀRD-CHÙIRT A' CHEARTAIS 2002
LEIS A' MHORAIR URRAMACH BONOMY

Foirm Freagairt

Fiosrachadh airson a lionadh

Cleachdaibh am foirm seo gus ur beachdan air na molaidhean anns an aithisg a chur a-steach. Thoireabh fa-near gur e **11 Giblean 2003** an ceann-là airson freagairtean.. Nuair a lionas sibh e cuiribh am pàipear mar phàipear-taic air post-dealan gu <mailto:bonomy.consultation@scotland.gsi.gov.uk>

Ainm:

Buidheann:

Obair là:

Seòladh:

Àireamh fiosrachaidh (fòn no post-dealan):

AMAS NA H-AITHISG

Àmh. Mol.

- 1 Bu chòir ath-shealladh a dhèanamh air cleachdadh agus modh na h-Àrd Chùirt gus an (Para.5.36 gu toireadh seo barrachd òrdugh agus barrachd cinnt air dòigh-giùlain chùisean. Tha na 5.40) h-amasan a leanas air an dealbhachadh ann an rùn an amais sin a choileanadh. Tha cuid dìreach a' feumachdain atharrachadh air cleachdadh an là an diugh, ach tha cuid eile a' feumachdain reachdas.
- Beachdan**

DAITHEAD TÒISEACHAIDH

Àmh. Mol.

- (a) Bu chòir daithead dòigh-obrach a bhith ann, ris an canar "daithead tòiseachaidh", (Para. 6.21- 6.26 airson stiùireadh breithneachaidh chùisean eadar dèidhead agus cùis-lagha. Bu8.1 - 8.2) chòirdhan daithead sin a bhith anns an Àrd Chùirt.
- (b) Bu chòir daithead tòiseachaidh a bhith àithnteil anns gach cùis. (Para. 6.23 - 6.25)
- (c) Bu chòir cùisean a chur chun an daithead tòiseachaidh. Is e prìomh amas an daithead (Para. 8.3) aithneachadh agus dèiligeadh ri na cùisean sin far nach eil feum air cùis-lagha, agus ceann-là cinnteach ainmeachadh, no ceann-là an ìre mhath cinnteach, airson cùis-lagha far am bheil sin deatamach.
- (d) Dh'fhaodar gun cuirear as do dhaitheadan-tòiseachaidh, ach a-mhàin far am bith(Para. 6.25) riochdairean ag aontachadh gu bheil cùis-lagha deatamach agus gun dearbh iad dhan chùirt na cuspairean ris am feumar sealltainn aig daithead tòiseachaidh ron daithead sin.
- Beachdan**
- 7 (a) Gus leigeil leis a' bhrìtheamh a tha a' suidhe aig daithead tòiseachaidh cùrsa (Para. 8.4) iomchaidh eile ainmeachadh agus òrdugh na cùis a dhèanamh cinnteach, bu chòir uallach a bhith air gach pàrtaidh mìneachadh a thoirt dhan chùirt, mar a dh'fheumas iad an dràsta an uair a tha daithead tòiseachaidh roghainneil ann, mu staid ullachaidh nan cùisean aca agus an ìre gu bheil iad air feuchainn ri fianais aontachadh..
- (b) Bu chòir uallach a bhith air na pàrtaidhean cuideachd innse dhan chùirt dè an cùrsa (Para.8.4, 8.5 eile a tha deatamach anns a' chùis agus, ma dh'fheumas cùis-lagha a bhith ann, dè na agus 8.10) fianaisean a dh'fheumas a bhith an làthair sa chùirt. Bu chòir dhan bhrìtheamh os ceann na cùise fuasgladh fhaighinn air gnothach neo-aontaichte sam bith mu fhianais a dh' fhaodadh a bhith neo- connspaideach.
- Beachdan**

- 8 (a) Bu chòir gur ann aig daithead tòiseachaidh a bhiodh ùine, mar eisimpleir, airson fios (Para. 8.14) ro-làimh mu dhion sònraichte, air a thomhas, agus a' mhòr-thional far am biodh gu coitcheann, ach chan ann gu h-iomlan, gach cuspair tòiseachaidh agus cùrsail air an làimhseachadh. Bu chòir gum biodh cùrsan mar a tha an dràsta le mionaidean agus athchuingean a' dol air adhart mar as àbhaist gus am biodh ecomasach gnothaichean a thogail aig ìre iomchaidh sam bith, ach bu chòir gur e an daithead tòiseachaidh an ìre is annaiche airson dèiligeadh ri gnothaichean tòiseachaidh no cùrsail.
- (b) Bu chòir ath-bheachdachadh a dhèanamh air ùine cheadaichte airson tagraidhean a (Para. 8.14) chur a-steach gus beachdachadh orra aig daithead tòiseachaidh gus toirt orra a bhith a-staigh an ceann seachd là, no ge bith dè an ùine a bu ghiorra a bhiodh iomchaidh, ron daithead tòiseachaidh.
- (c) Bu chòir cur ris an liosta de gnothaichean ris am faodar dèiligeadh aig daithead (Para. 8.15 – tòiseachaidh "ceist sam bith co-cheangailte ri fianais cheadaichte a dh'fhaodadh ann 8.20) am beachd na cùirt a bhith air fhuasgladh gu buannachdail ron chùis-lagha".
- (d) Bu chòir pàrtaidh sam bith cead iarraidh bhon bhrithreamh riaghlaidh gus tagradh a (Para. 8.21) dhèanamh an aghaidh co-dhùnadh sam bith a chaidh a ghabhail aig daithead tòiseachaidh.

Beachdan

- 9 (a) Bu chòir èisteachd ri daitheadan tòiseachaidh ann an Dùn Èideann agus Glaschu a- (Para.11.3) mhàin an toiseach. Bu chòir sùil a chumail air an dòigh anns am bheil iad ag obair, agus beachdachadh ann an àm iomchaidh an dèidheadh an cumail ann an Obar Dheathain cuideachd.
- (b) Gus ath-shealladh a dhèanamh air mar a thathas a' toirt daitheadan tòiseachaidh a- (Para.11.9) steach, bu chòir àrd bhrithreamh fhadastadh mar bhrithreamh riaghlaidh ann an Glaschu agus dreuchd coltach a chruthachadh ann an Dùn Èideann, gach cùis airson co-dhùì 6 mìosan aig a' char as giorra.

Beachdan

- 10 (a) Dh'fhaodadh daitheadan tòiseachaidh a chumail air là sam bith den t-seachdain agus (Para. 11.10) bu chòir an cumail aig amannan a bhios iomchaidh le suim dha uallaichean riochdairean nam pàrtaidhean. Bu chòir buidheann obrach, le riochdairean bhon Chrùn, cleachdaichean lagh eucoir, luchd-obrach na cùirte, agus brithreamhan a chruthachadh gus beachdachadh air rèiteachadh iomchaidh.
- (b) Bu chòir siostam leabhar-là dealanach a thoirt a-steach gus dèanamh cinnteach gum (Para. 11.16) biodh làn-fhiosrachadh aig a' chlàrc ann an cùirt daithead tòiseachaidh mu na cinn-latha a bhiodh saor.
- (c) Bu chòir dhaibhsan air am bheil uallach na diofar luchd-obrach a tha an sàs ann an (Para.11.21) daitheadan tòiseachaidh a thrèanadh, rèiteachadh agus coileanadh a dhèanamh air prògraman trèanaidh mus tèid an sgeama a thoirt a-steach.

Beachdan

ULLACHADH AIRSON DAITHEADAN TÒISEACHAIDH

Àmh. Mol.

- 2 (a) Bu chòir buidheann-obrach le riochdairean bho Roinn Ceartais Riaghaltas na h- (Para.7.5) Alba, Oifis a' Chrùin, Comann Àrd Oifigearan Poileis na h-Alba, agus buidhnean proifeasanta a' riochdachadh cleachdaichean lagh eucoir a stèidheachadh gus lèirmheas a dhèanamh air (i) mar a tha fiosrachadh fianais air fhaighinn; agus (ii) dè na suidheachaidhean anns am bu chòir am fiosrachadh seo a thoirt dha luchd-dìon.
- (b) Bu chòir dhan Chrùn gu h-àbhaisteach liosta ullachaidh de dh'fhianaisean a thoirt (Para. 7.6) do luchd-dìon goirid an dèidh dhaibh crìoch a chur air cùrsa athchuinge tòiseachaidh ann an Cùirt an t-Siorraidh.
- (c) Bu chòir dhan Chrùn fiosrachadh a thoirt do luchd-dìon mu làn-leasachaidhean ann (Para 7.6) an rannsachadh na cùise mar a thachras sin, agus leigeil leotha fianais iomchaidh fhaicinn mar a thig sin am foillais.

(d) Còmhla ri lethbhreac dhen dìteadh bu chòir do luchd-dìon lethbhreac fhaighinn de (Para. 7.6) gach goireas-fianais pàipear nach d'fhuair iad gu ruige sin.

(e) Bu chòir gum biodh fianais sam bith eile, a' tighinn gu làmhan a' Chrùin an dèidh (Para.7.6) sin, air an toirt gu aire luchd-dìon cho luath 's a ghabhas.

(f) Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba agus am Morair Tagraidh dèanamh cinnteach gum (Para. 5.16) bith goireasan ann gus na molaidhean a chaidh a dhèanamh le Aonad Lèirmheas Deasachd agus Cleachdaidh Oifis a' Chrùin a choileanadh gus adhartas fhaighinn air cùrsa ro-fhiosrachaidh.

Freagairt

5 (a) Bu chòir gum biodh e mar riaghailt chumanta gun dèidheadh fios mun h-uile stuth a (Para.7.7) tha riochdairean a' Chrùin gu bhith a' cleachdadh aig a' chùis-lagha a thoirt dhan luchd-dìon nuair a thèid an dìteadh a thoirt seachad.

(b) Bu chòir gum biodh ceann-là, grunn làithean ron daithead tòiseachaidh, far nach (Para. 7.7) biodh e comasach dhan Chrùn ainmeachadh no cur air adhart fianaisean no goireasan-fianais a' bharrachd, ach le adhbhar a tha a sàsachadh cùirte.

Beachdan

6 (a) Bu chòir dhan Chrùn a h-uile fianais a chomharrachadh, nach bi connspaideach nam (Para. 8.8) beachdsan agus a thoirt gu aire an luchd-dìon ann am teachdaireachd fianais neo-chonnsaicheach gun a bhith nas fhaide na 14 latha ron daithead tòiseachaidh.

(b) Bu chòir dùbhlán sam bith bhon luchd-dìon fa chomhair an teachdaireachd a bhith (Para.8.8 agus air ainmeachadh co-dhiù 7 làithean an dèidh sin, agus bu chòir adhbharan a thoirt 8.9) seachad airson taic a thoirt dhan tagradh.

(c) Bu chòir gum feumadh luchd-dìon, co dhiù 7 latha ron daithead tòiseachaidh, not (Para. 8.10) ullachadh a' beachdachadh air an loidhne dìon agus ag aithneachadh gnothaichean ris am feumar aire a thoirt airson adhbharan cùis-lagha. Bhiodh an not sin mar bhunait airson ullachadh deireannach an luchd-dìon airson na cùis-lagha, dhèiligeadh sin ri teachdaireachd mu fhianais neo-chonnsaicheach agus am freagairt air a shon, agus bu chòir dha seo fianais a tha an luchd-dìon dhen bheachd a tha neo-chonnsaicheach aithneachadh.

(d) Bu chòir fios mu fhianais sam bith a thog an luchd-dìon le coltas nach bithear a' cur (Para. 8.10) na aghaidh aig a' chùis-lagha, a chur chun a' Chrùn ann an teachdaireachd fianais neo-chonnsaicheach, co-dhiù 7 latha ron daithead tòiseachaidh.

(e) Bu chòir gum feumadh na pàrtaidhean coinneachadh agus conaltradh a bhiodh (Para.8.11) eatorra san t-seachdain ron daithead tòiseachaidh, gus beachdachadh air gnothaichean a dh'fheumadh fuasgladh ma thathas gu bhith a' crìochnachadh na cùise, no ag aontachadh ceann-là dearbhaidh, aig an daithead tòiseachaidh. Bu chòir gum biodh co-dhùnadh na coinneamh air a chlàradh agus clàr dheth a thoirt fa chomhair na cùirt.

Beachdan

CRÌOCHAN-AMA AGUS URRAS

Àmh. Mol.

11 (a) Bu chòir riaghailt 110-là atharrachadh gus a dhèanamh deatamach gun deidheadh (Para. 9.8) daithead tòiseachaidh a chumail taobh a-staigh 110 latha, agus a chùis-lagha tòiseachadh taobh a-staigh 140 latha, ann an cùisean far am bheil an neach fo chasaid ann an grèim.

(b) Bu chòir ceann-ùine ùr a bhith ann airson gum feumadh cùisean, far nach eil an (Para. 9.14) neach fo chasaid ann an grèim, dìteadh fhaighinn a thighinn gu daitheadan tòiseachaidh taobh a-staigh 9 mìosan bho nochd an neach an toiseach fo athchuinge.

(c) Bu chòir na h-adhbharan airson crìochan-ùine a leudachadh leis a' chùirt a bhith air (Para. 9.17) an reusantachadh. Bu chòir gur e an aon adhbhar airson crìoch-ama a leudachadh "adhbhar air a shealltainn".

(d) Bu chòir gur e siorraidh a chluinneas tagradh airson crìoch-ama a leudachadh ann an (Para. 9.20) Cùirt an t-Siorraidh.

(e) Bu chòir cothrom a bhith ann an neach fo chasaid tagradh a chur chun na cùirt ag (Para. 9.11) iarraidh ceann-là an daithead tòiseachaidh a thoirt air adhart gus am faighear daithead cùis-lagha nas tràithe fhaighinn.

(f) Far nach bi e comasach cùis a làimhseachadh taobh a-staigh crìochan-ama prìosain, (Para.9.10) bu chòir gum b'urrainn dha neach fo chasaid tagradh a dhèanamh airson a' leigeil ma sgaoil air urras.

(g) Bu chòir òrdugh airson neach fo chasaid a chumail an grèim nas fhaide na an crìoch-ama prìosain atharrachadh. Cha bu chòir gum biodh an neach fo chasaid nas fhaide a bhith "gu bràth saor bho chùrsa sam bith", ach bu chòir cothrom a bhith ann tagradh a chur a-steach airson a bhith air a leigeil ma sgaoil fo urras.

Beachdan

A' TOIRT SEACHAD BINN

Àmh. Mol.

4 (a) Bu chòir Earrann 196(1) de dh'Achd Cùrsa Eucoir (Alba) 1995 atharrachadh gus a (Para. 7.21) dhèanamh soilleir gum faigh tagradh aideachaidh cionnt a thèid a-steach aig ìre thràth, gu coitcheann binn nas lugha, agus nach fhaigh tagraidhean aideachaidh cionnt a thèid a-steach aig ìre daithead cùis-lagha.

(b) Bu chòir gum biodh cumhachd aig Cùirt binn prìosain a thoirt seachad anns am (Para.7.22) bheil pàirt den ùine grèim air a thogail rè ùine.

Beachdan

16 (a) Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba a-nis earrann 13(1) de dh'Achd Eucoir agus (Para. 13.17) Peanas (Alba) 1997 a chur an gnìomh gus cumhachd binn an t-siorraidh àrdachadh gu còig bliadhna ann an grèim.

(b) Bu chòir do Sheirbheis Cùirt na h-Alba beachdachadh gu faiceallach air an dòigh (Para. 13.19) anns am bu chòir gnìomhachd a chur thairis bhon Àrd Chùirt gu Cùirt an t-Siorraidh.

Beachdan

18 (a) Nuair a theid cùis a chur dheth airson binn aontachadh, bu chòir a h-uile oidhirp a (Para. 15.8) dhèanamh a chur dheth gu ceann-là far am bi am briteamh anns an aon chùirt.

(b) Gus am bi gairmean cùis gun adhbhar a tha air an cur dheth airson binn aontachadh, (Para. 15.7) air an seachdnadh, bu chòir gum biodh e comasach an cur dheth gu coitcheann airson ceithir seachdainean, agus suas ri ochd seachdainean le adhbhar air a shealltainn, eadar gu bheil an neach fo chasaid ann an grèim no nach eil.

(c) Ma tha e do-sheachanta gun chùis a dhàileachadh gu Dùn Èideann, bu chòir, ma tha (Para. 15.8) sin comasach, a chur dheth gus an dèidheadh a ghairm air Diluain.

Beachdan

RIAGHLADH GNOTHACHAS

Àmh. Mol.

13 (a) Bu chòir lagh a thoirt a-steach gus a dhèanamh comasach do phàrtaidhean tagradh a (Para.9.11) chur chun na Cùirt gus cabhag a chur ann a bhith a cur dheth daitheadean cùis-lagha far a bheil e soilleir nach urrainn dhan chùis-lagha a dhol air adhart.

(b) Far nach nochd an neach fo chasaid airson c-hùis-lagha, bu chòir gum biodh (Para.11.18) cumhachd aig a' Chùirt barrantas a chur a-mach gus an neach fo chasaid a chur an grèim agus a' chùis a chur dheth gu daithead tòiseachaidh eile no daithead cùis-lagha eile taobh a-staigh dà mhìos.

(c) Bu chòir gum biodh cumhachd aig a' Chùirt òrdachadh gun dèidheadh cùis-lagha air (Para. 11.20) adhart as aonais an neach fo chasaid ann an suidheachadh iomchaidh.

Beachdan

14 (a) Bu chòir clàrcan làn-thìde a bhith anns gach rùm cùirt anns an Àrd Chùirt ann an (Para. 12.5) Glaschu.

(b) Bu chòir Roinn nan Tagraichean leas rianadair fhastadh airson na h-Àrd Chùirt ann (Para. 12.12) an Glaschu gus a bhith a' conaltradh le luchd-obrach na cùirte ann a bhith a' prògramadh agus a' rèiteachadh na h-uallaichean a tha air comhairlichean-lagha.

Beachdan

15 (a) Bu chòir do bhrìtheamhan gu coitcheann a bhith a' suidhe air gnìomhachd eucoir (Para. 12.15) fad co-dhiù ceithir seachdainean, agus airson ùinean atharraichte nas fhaide, far an cuidicheadh seo barrachd ìre de chinnt air prògramadh gnìomhachd a thoirt a-steach.

(b) Bu chòir feadhainn as urrainn gealltanais fosgailte a thoirt seachad, no gealltanais (Para.12.18) cruaidh airson ùine fhada, ri obair na h-Àrd Chùirt aig àm tòiseachaidh, mar siorraidhean eòlach le siorraidhean pàirt-ùine nan àite anns na Cùirtean Siorraidh, a chur air clàr bhrìtheamhan gearr-ùine.

Beachdan

20 (a) Bu chòir obair-gnìomh a chur air adhart gus rèiteachadh fiosan gu fianaisean a (Para. 15.23 agus dhèanamh nas rèidh agus nas fheàrr. Bu chòir an COPFS, ann an co-bhonn le ACPOS 15.28) buidheann obrach a stèidheachadh le uallach aithisg ullachadh air siostam nàiseanta airson a bhith a' cur a-mach fios gu fianaisean agus buidheann a stèidheachadh gus fios a chur gu fianaisean, a dh'fhaodadh a bhith cunntasach gu dìreach dha, no dha roinn dhen COPFS.

(b) Bu chòir dha suidheachadh far an dèidheadh barrantas a thoirt seachad airson fianais (Para.15.35 agus mì-dheònach a chur an grèim, agus an cùrsa a leanadh an tachartas sin, a bhith air a 15.36) riaghladh tron lagh. Bu chòir a bhith a' beachdachadh air a bhith a' toirt barrachd roghainnean dhan chùirt fianais a leigeil ma sgaoil air urras no tagadh a chleachdadh agus cumail sùil air gluasadan an fhianais.

(c) Bu chòir seirbheis freagairt fòn a bhith ann airson fianaisean anns an t-seirbheis (Para. 15.40) phoblach. Bu chòir uallach a bhith orra fios a chur chun an t-seirbheis airson fiosrachadh ùraichte fhaighinn mun làthaireachd aca aig a' chùirt gach feasgar, cho luath's a thòisicheas a' chùis-lagha.

Beachdan

23 (a) Bu chòir cumhachd coitcheann a thoirt dhan chùirt gus faighinn a-mach, ann an (Para. 16.12) suidheachadh sònraichte na cùise, am bheil rèiteachadh sònraichte, nach eil ri fhaighinn tron lagh, deatamach airson fianais fhaighinn bho fhianais sònraichte.

(b) Bu chòir gum biodh pàipearan co-cheangailte ri tagradh a chaidh a-steach airson (Para.16.13) rèiteachadh sònraichte fianais fhaighinn bho fhianais so-leònte, air a thoirt dhan bhrìtheamh dearbhaidh, gus am biodh am brìtheamh dearbhaidh làn-fhiosraichte mun t-suidheachadh fhinealta a tha ann gus dèanamh cinnteach nach eil rud sam bith mì-ìomchaidh a' tachairt gun fhios.

Beachdan

27 (a) Gus sùil a chumail air èifeachdais agus comas cùrsa ùr sam bith a thig a-steach, bu (Para. 19.3) chòir siostam fiosrachaidh riaghlaidh làidir a thoirt a-steach do dh'Oifis a' Cheartais.

Beachdan

LÀTHAIREACHD AIG CÙIRT

(mh. Mol.

19 (a) Cha bhith làthaireachd neach fo chasaid aig cùirt airson a bhith a' cur dheth cùis gu (Para. 15.5 agus formeil, no far nach bi làthaireachd pearsanta gu feum sam bith anns na h-ìrean 15.6) tòiseachaidh den chùis, gu feum sam bith agus bu chòir seo a stad. Bheireadh ceangalan telebhisean eadar cùirtean agus prìosannan taic dha bhith a' cur às dha làthaireachd pearsanta gun fheum.

(b) Nuair a thèid uallach airson a bhith a' gluasad phrìosanaich gu agus bhon chùirt, (Para.15.11) agus an tèarainteachd aig a' chùirt, a ghluasad gu buidheann thaobh a-muigh, bu chòir rèiteachadh nàiseanta a chur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gum bi neach fo chasaid aig a' chùirt co-dhiù trì chairteal a h-uarach mus bi dùil ris a' chùirt a bhith a' suidhe agus nach bi dùil gum feumadh neach fo chasaid a bhith a' siubhal astaran mì-reusanta air an là a bhios iad gu bhith a' nochdadh.

(c) Bu chòir toirt air neach fo chasaid nach eil an grèim a bhith làthair aig cùirt co-dhiù (Paras. 15.14 trì chairteal na h-uarach mus bi dùil gun tòisich a' chùis aca, agus aig deireadh cùis- agus 15.16) lagha gach là, fuireach taobh a-staigh togalach na cùirte airson trì chairteal na h-uarach an dèidh cùrsa an là a thiginn gu crìch. Anns gach àite far am bi an Àrd Chùirt a' coinneachadh bu chòir rùm a bhith air a chomharrachadh mar an rùm far am bi an neach fo chasaid a' dol aig na h-amannan sin.

Beachdan

20 (a) Bu chòir obair-gnìomh a chur air adhart gus rèiteachadh fiosan gu fianaisean a (Para. 15.23 agus dhèanamh nas rèidh agus nas fheàrr. Bu chòir an COPFS, ann an co-bhonn le ACPOS 15.28) buidheann obrach a stèidheachadh le uallach aithisg ullachadh air siostam nàiseanta airson a bhith a' cur a-mach fios gu fianaisean agus buidheann a stèidheachadh gus fios a chur gu fianaisean, a dh'fhaodadh a bhith cunntasach gu dìreach dha, no dha roinn dhen COPFS.

(b) Bu chòir dha suidheachadh far an dèidheadh barantas a thoirt seachad airson fianais (Para.15.35 agus mì-dheònach a chur an grèim, agus an cùrsa a leanadh an tachartas sin, a bhith air a 15.36) riaghladh tron lagh. Bu chòir a bhith a' beachdachadh air a bhith a' toirt barrachd roghainnean dhan chùirt fianais a leigeil ma sgaoil air urras no tagadh a chleachdadh agus sùil a chumail air gluasadan an fhianais.

(c) Bu chòir seirbheis freagairt fòn a bhith ann airson fianaisean anns an t-seirbheis (Para. 15.40) phoblach. Bu chòir uallach a bhith orra fios a chur chun t-seirbheis airson fiosrachadh ùraichte fhaighinn mun làthaireachd aca aig a' chùirt gach feasgar, cho luath 's a thòisicheas a' chùis-lagha.

Beachdan

21 (a) Bu chòir lèirmheas a dhèanamh air rèiteachadh airson a bhith a' gairm, a' gabhail ri (Para.15.46 gu leisgeul agus làthaireachd luchddiùraidh, le rùn a bhith a' cur às do làthaireachd no- 15.50) fheumail dhaoine airson diùraidh aig a' chùirt, a' dèanamh an gealladh airson seirbheis diùraidh nas soilleire, agus a' dèanamh cinnteach gum biodh an earrann as fharsainghe den phobail a' toirt seirbheis diùraidh seachad.

(b) Fhad's a tha cùis-lagha a' dol air adhart, bu chòir gur e an diùraidh an fheadhainn (Para. 15.50) mu dheireadh a ghabhas an àite sa chùirt agus a' chiad fheadhainn a dh'fhalbhas aiste.

(c) Bu chòir gum biodh uairean là cùirt coitcheann fhad's a tha cùis-lagha a' dol air (Para. 15.51) adhart, eadar 10.00m agus 1.00f agus 2.00f gu 4.30f, ged a dh'fhaodadh am briteamh sin atharrachadh nuair a bhios sin iomchaidh.

Beachdan

LÀRACH NA H-ÀRD CHÙIRT

Àmh. Mol.

12 (a) Bu chòir dhan Àrd Chùirt cumail orra a' coinneachadh air feadh Alba. (Para. 10.4)

(b) Bu chòir rùm cùirt a bhith ann an Obar Dheathainn a dh'aona ghnòthaich airson feum (Para. 10.8 agus na h-Àrd Chùirt. Bu chòir an togalach a tha ann an dràsta airson cùirt mar sin, 10.9) atharrachadh cho luath sa ghabhas.

(c) Bu chòir dhan Àrd Chùirt suidhe bho àm gu àm ann an Dùn Dèagh. Bu chòir do (Para. 10.11 agus Sheirbheis Cùirt na h-Alba togalach iomchaidh a chomharrachadh gus a thionndadh gu 10.13) togalach cùirt a chuireadh Dùn Dèagh air ais air mìosachan na h-Àrd Chùirt.

(d) Bu chòir an sgeama airson rùm cùirt iomchaidh a sholrachadh ann am Peairt airson (Para. 10.12) a bhith air a chleachdadh bho àm gu àm leis an Àrd Chùirt, a bhith air a chur an cèill.

(e) Bu chòir cothrom a bhith ann airson daithead cùis-lagha a ghluasad, agus na luchd- (Para. 10.15 agus diùraidh a fhuair gairm thuige, le rian bho aon chùirt gu cùirt eile, le aonta nam pàrtaidh 10.16) as aonais gairm foirmeil no a bhith an làthair aig cùirt.

Beachdan

GOIREASAN

Ùmh. Mol.

- 17 (a) Bu chòir an rèiteachadh cùrsa a chleachdadh ann an dòigh a bheir misneachd dha (Para.14.11) comhairlichean-lagha agus tagraidhean-lagha, a bheir cùisean gu cùirt, cumail an sàs anns na cùisean sin fhad's a mhaireas iad.
- (b) Bu chòir lèirmheas coitcheann a dhèanamh air na h-ìrean tuarastail a gheibh luchd-lagha airson obair taic-lagha eucoir ann an suidheachadh rèiteachadh ìrean airson barrachd obair agus diofar raointean den obair air a mholadh. Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba agus Roinn nan Tagraichean a dhol an sàs ann an conaltradh tràth mu mholadh Roinn nan Tagraichean air an sgeama cosgaisean ollamhaichte.. Bhiodh dòchas coileanaidh prìomh amas barrachd cinnt a thoirt a-steach do chùisean san Àrd Chùirt air àrdachadh le bhith a' toirt a-steach cosgaisean do sgeama pàighidh taic-lagha eucoir atharraichte a bhiodh airson misneachd a thoirt dhaibhsan a chumas an àirde le cùisean, agus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' faighinn pàigheadh gu leòr eadar's gun tèid a' chùis air adhart gu cùis-lagha no a thèid a chur a-mach ron chùis-lagha.
- (c) Ma thèid barrachd cumhachd binn a thoirt dhan t-siorraidh, bu chòir do Bhòrd Taic Lagha na h-Alba lèirmheas a dhèanamh air na poileasaidhean aca co-cheangailte ri bhith ag aontachadh òrdugh airson comhairlichean-lagha agus tagraichean-lagha a bhith air am fastadh airson cùisean ann an Cùirt an t-Siorraidh.
- (d) Ann a bhith a' cur thairis daithead cùis-lagha, bu chòir sùim a bhith aig a' chùirt ri na h-uallaichean a tha aig comhairlichean-lagha agus tagraichean-lagha ann an rùn a bhith a' gabhail ris a' ghealladh a ghabh iad mun chùis.

Beachdan

- 25 (a) Bu chòir dhan Chrùn beachdachadh air cùrsa a chleachdadh a cheadaicheas fianais (Para.18.3) aon ghalair-eòlaiche dligheòlach ann an cùisean iomchaidh.
- (b) Bu chòir dhan Chrùn beachdachadh air cùrsa a chleachdadh a cheadaicheas cuideam fianais air teisteanasan a dhearbhas gnòthaichean co-cheangailte ri sgrùdadh dhrugaichean.
- (c) Bu chòir beachdachadh air briathran coltach a thoirt a-steach mu fhianais galair-eòlaiche dligheòlach, gus an toireadh an teisteanas aca fianais gu leòr den chùis co-cheangailte ri dearbhadh-sùl.
- (d) Bu chòir a bhith a' beachdachadh air earrann 281 de dh'Achd Cùrsa Eucoir (Alba) 1995 gus solarachadh, far am bheil an Crùn ag iarraidh gabhail ri fianais bho aon de dhithis galair-eòlaichean dligheòlach, cha leig iad a leas ainmeachadh am fear a thagh iad.

Beachdan

- 26 (a) Bu chòir lèirmheas a dhèanamh air cleachdadh iarraidh aithisgean shòisealta ro-dhearbhaidh gu cumanta, agus bu chòir beachdachadh air am biodh e na b'fheàrr aithisgean ullachadh mu rèiteachadh a bhith ann gus aithisgean ro-dhearbhaidh ullachadh .
- (b) Nuair a bhithhear ag iarraidh aithisgean rannsachaidh shòisealta, bu chòir dhan chùirt comhairle a thoirt seachad dhan neach-obrach shòisealta, ainm agus seòladh neach-lagha an neach a tha fo chasaid, agus bu chòir lethbhreac den aithisg a chur thuige.

Beachdan

GNOTHAICHEAN FÈIN-RIAGHLAIDH

Àmh. Mol.

- 24 (a) Bu chòir Clàr 6 de dh'Achd na h-Alba atharrachadh gus a dhèanamh soilleir gu (Para. 17.14) bheil gnìomhan no urrasbaidhean a' Mhorair Tagraidh mar neach-casaid agus duine sam bith ag obair as a leth le ùghdarras no dha riochdachadh mar neach-casaid taobh a-muigh a' mhìneachaidh "gnothach fèin-riaghlaidh".

Not: Chan eil an conaltradh a' còmhdach moladh 24, a tha na chuspair do Riaghaltas UK agus chan ann airson Ministearan na h-Alba.